

Dreach Geàrr-chunntas de choinneamh Bòrd Stiùiridh an t-Sabhail Mhòir a chaidh a cumail air Dihaoine 27 Samhain 2015 aig Oifis Gnìomh OGE, Inbhir Nis aig 1.30f

BUILL:	Ruaraidh Iain MacLeòid (Cathraiche) Catriona Dunn Sandy Jones Dùghall MacAmhlaigh Art MacCarraig Aonghas MacCumhais	Alasdair MacLeòid Aonghas MacLeòid Iain Moireasdan Máire Ni Annrachain Aideen Ni Mhaille Cairistiona Walker
---------------	---	--

AN LÀTHAIR:	Iain Gòrdan Cairistiona NicCoinnich Shona NicIllinnein	Boyd Robasdan Donnie Rothach
--------------------	--	---------------------------------

LEISGEULAN: Sine Ghilleasbuig
Iain Tormod MacLeòid

PUING**GNÌOMH****1 FÀILTE**

1.1 Chuir an Cathraiche fàilte air na buill agus na bha an làthair.

Chuireadh meal-a-naidheachd air Boyd, a chaidh ainmeachadh mar Thosgair Ghàidhlig na Bliadhna, aig a' Mhòd san Òban. Chuireadh meal-a-naidheachd cuideachd air na h-oileanaich a bha soirbheachail aig a' Mhòd: Catriona NicNèill (Bonn Òr a' Chomainn); Alasdair Currie (Aigeallan Airgid) agus Tormod MacLeòid (Bonn Òr an t-Seann Nòis).

Chuireadh meal-a-naidheachd air Joni Buchanan, oileanach rannsachaidh, a fhuair for-cheum san Dàmhair.

Chuireadh meal-a-naidheachd air sgioba Ainmean Àite na h-Alba airson duais a choisinn aig Duaisean na Gàidhlig air 18 Samhain.

Chaidh iarraidh rionnag a chur ri puingean 2.3 agus 6.12(ii).

2 GEÀRR-CHUNNTASAN

2.1 **CU15-03 (11/09/15):** Chaidh an geàrr-chunntas aontachadh.

2.2 **Comataidh Sgrùdaidh (13/11/15):** Thugadh fa-near an geàrr-chunntas. [Chaidh an earrann seo a thoirt às air adhbhar ùidhean coimearsalta, saor fo Achd Saorsa Fiosrachaidh (Alba) 2002].

2.3 **Comataidh an Ionmhais is na h-Oighreachd (28/08/2015):** Thugadh fa-near an geàrr-chunntas.

2.4 **Gnothaichean ag Èirigh:**

5.1 Aithisg a' Phrionnsapail: Cha deach cuireadh fhathast gu Ceannard na h-Èireann, Micheal D. Higgins a thadhal air a' Cholaiste.

Saorsa Fiosrachaidh: Chaidh ceist a thogail mu gheàrr-chunntasan a' Bhùird a bhith rim faighinn air an làrach-lìn agus chaidh aontachadh gluasad air seo.

CNC

3 **BALLRACHD**

3.1 **Cathraiche agus Ballrachd:** Thugadh fa-near gur e seo a' choinneamh mu dheireadh aig Ruaraidh Iain agus aig Dùghall agus thugadh taing mhòr dhaibh airson na tha iad air cur ri obair a' Bhùird agus obair na Colaiste thairis air na deich bliadhna a chaidh. Chaidh Aideen Ni Mhaille a thaghadh mar Cathraiche agus ghabh i ris an dreuchd.

Chaidh aontachadh, mar tha bonn-stèidh na Colaiste atharrachadh gus am bi am Prionnsapal, riochdaire oileanach agus riochdaire luchd-obrach nam ball slàn. Chaidh a mholadh gum biodh 16 ball aig a' char as motha air a' Bhòrd agus ghabh am Bòrd ri seo. Thèid am bonn-stèidh ùr a chuirteachadh gu na buill às dèidh na coinneimh.

SNI

Chaidh aontachadh leis an t-sanas airson buill ùra agus chaidh iarraidh air na buill beachdachadh air daoine a bhiodh freagarrach, gu h-àraid iadsan aig an robh sgilean a tha a dhìth air a' Bhòrd. Dh' fheumte a bhith cothromach a thaobh co-ionannachd. Chaidh aontachadh gum biodh Shona a' sgaoileadh an t-sanais dha na buill nuair a bha e deiseil.

Bull air
Fad

SNI

4 **ÙIDHEAN**

Nochd Alasdair gun robh e na oileanach aig Colaist' a' Chaisteil.

Nochd Aonghas MacLeòid ùidh ann an puing 6.7 agus gum biodh aige a' choinneimh fhàgail nuair a chaidh a dheasbad.

5 **AITHISG A' PHRIONNSAPAIL**

5.1 **Aithisg a' Phrionnsapail:** Thugadh fa-near aithisg a' Phrionnsapail.

Thugadh taing do Donnie agus luchd-obrach na Colaiste airson na rinn iad airson fosgladh Ionad Iain Nobail a chur air dòigh. Chaidh cùisean gu soirbheachail leis an fhosgladh agus leis an Òraid Bhliadhnail.

6 **GNOTHAICHEAN CORPORA**

6.1 **Aithisg Luchd-sgrùdaidh 2014-15:** Thugadh fa-near aithisg bhon Luchd-sgrùdaidh, Wylie & Bissett. Thugadh fa-near an dà mholadh aig an ìre as airde san aithisg.

Aonta Thoraidhean 2014-15: Thugadh fa-near an aithisg fèin-luachaidh.

- 6.2 Chaidh aontachadh gum biodh e feumail ma bha e nas fhollaisiche dè na targaidean nach deach a choileanadh. EMI
- 6.3 **Aonta Thoraidhean 2016-17:** Thugadh fa-near a' chiad dreach de Aonta Thoraidhean 2016-17.
- 6.4 **Chòd Deagh Riaghlaidh:** Chaidh aontachadh gabhail ris a' Chòd Deagh Riaghlaidh; tha comataidhean a' Bhùird air gabhail ris mar-thà.
- 6.5 **Statement of Assurance:** Thugadh fa-near freagairt na Colaiste gu iarrtas bho Chomhairle Maoineachaidh na h-Alba dearbhadh gu bheil a' Cholaiste a' leantainn a' Chòd Riaghlaidh.
- 6.6 **Poileasaidh Ùidhean:** Chaidh aontachadh ris a' phoileasaidh.
- 6.7 **Cùmhnant Wright, Johnston & Mackenzie:** Dh' fhàg Aonghas MacLeoid a' choinneamh aig an ìre seo. Chaidh beachdachadh air an dreach cùmhnant eadar Sabhal Mòr agus Wright, Johnston & Mackenzie a thaobh Aonghas a bhith na stiùiriche agus ag obair do luchd-lagha na Colaiste. Mhol a' Chomataidh Chorporra a' chùmhnant. Chaidh moladh 'lead adviser' atharrachadh gu 'engagement partner' agus gum biodh an t-suidheachadh seo air ainmeachadh anns na cunntasan bliadhna fo 'related party transactions'. Chaidh a' chùmhnant aontachadh. Thill Aonghas chun na coinneimh.
- 6.8 **Clàr-chunnartan:** Thugadh fa-near an clàr-chunnartan agus thug Shona iomradh air na puingeon 'dearg' (an ìre cunnairt as àirde). Chaidh a thogail nach robh iomradh air foill no 'disaster recovery plan' sa chlàr. Mhol Sandy gum bu chòir barrachd earrannan a bhith ann, a' gabhail a-steach cunnartan innleachdail agus cunnartan gnìomhail agus bha i deònach taic a thoirt le ath-sgrìobhadh. SJ/SNI
- 6.9 **Bile an Foghlaim:** Thugadh fa-near freagairt a chaidh gu Comataidh Foghlaim an Rìghaltais, as leth na Colaiste agus thug Art iomradh far a bheil cùisean aig an ìre seo; chaidh atharrachaidhean a mholadh agus ma ghabhas a' Chomataidh Foghlaim riutha, thèid am bile air beulaibh na Pàrlamaid airson aonta.
- 6.10 **Cairt a' BhBC:** Thugadh fa-near litir a chaidh gu Urras a' BhBC, as leth na Colaiste, a thaobh ath-nuadhachadh cairt a' BhBC.
- 6.11 **Comataidh Sgrùdaidh**
- (i) Aithisg Bhliadhna na Comataidh Sgrùdaidh:** Thugadh fa-near aithisg na Comataidh Sgrùdaidh.
- (ii) Beachdan a' Bhùird air Obair na Comataidh Sgrùdaidh:** Rinn a' Chomataidh Sgrùdaidh fèin-luachadh na bu thràithe sa bhliadhna agus nochd miann beachdan fhaighinn bhon Bhòrd air na tha iad a' dèanamh. Chaidh aontachadh beachdachadh air an dòigh às fheàrr seo a dhèanamh.
- 6.12 **A' Chill Bheag**
- A' Chill Bheag**

(i) Buidheann Taigheadais: Thugadh fa-near pàipearan bho Tim Armstrong agus Conchúr O' Giollagáin, agus bho Donnie, air taigheadas bho thaobh chànan agus taobh planadh is ionmhais.

Bha deasbad ann mun t-slighe air adhart, amasan na Colaiste agus buaidh an leasachaidh air a' Cholaiste agus a' choimhearsnachd. Chaidh aontachadh gun robh taic proifeasanta a dhìth a thaobh ro-innleachd planaidh agus gun robh feum air rannsachadh a thaobh iasadan, ma bha a' Cholaiste am beachd leasachadh a dhèanamh às aonais Comhairle na Gàidhealtachd; ged a bhiodh smachd aig a' Cholaiste air cùisean, bhiodh cosgais ann a thaobh bun-structar.

BR/DR/IG

Tha an Highland Small Communities Housing Trust air ùidh a nochdadh ann an dà làrach agus chaidh aontachadh ann am prionnsapal dol air adhart le bhith ag obair leotha.

(ii) Aithisg Ionmhasail: Thugadh fa-near an aithisg mu dheireadh bho Mhanaidsear a' phròiseict, Donny McKinnon.

6.13 **OGE**

(i) Stèidheachd OGE: Thugadh fa-near litir agus pàipear bho Reachdair an Oilthighe, Anton Edwards, a' sireadh bheachdan air an Stèidheachd. Thugadh fa-near gun robh Aonghas MacLeòid na bhall den Stèidheachd agus chaidh beachdachadh air dè a bha a dhìth aig ìre colaiste agus coimhearsnachd bhon Stèidheachd.

(ii) Aonta Co-phàirteachais Acadaimigich Ùr: Tha còmhraidhean a' leantainn mun chuspair seo agus tha e follaiseach gu bheil mòran cholaistean an-fhoiseil mun dreach aonta ùr. Ghabh Ruaraidh Iain os làimh pàipear ullachadh mun ghnothach.

RIM

7 **FOGHLAM AGUS RANNSACHADH**

7.1 **Aithisg Stiùiriche an Fhoghlaim:** Thugadh fa-near aithisg Stiùiriche an Fhoghlaim.

7.2 **Comataidh Foghlaim is Rannsachaidh:** Chaidh a thogail aig coinneimh na Comataidh gun robh duilgheadasan air a bhith ann a thaobh oileanaich a bhith an sàs le Comann nan Oileanach agus a' leantainn air sin, ann an comataidhean na Colaiste.

8 **IONMHAS AGUS RIANACHD**

8.1 **Barganachadh Pàigheadh Nàiseanta:** Thug Boyd iomradh air cùisean a thaobh Barganachadh Pàigheadh Nàiseanta; tha na h-aonaidhean air àrdachadh 1% a dhiùltadh. Tha cuid a cholaistean air an National Recognition and Procedures Agreement (NRPA), a tha Colaistean na h-Alba a' moladh, a dhiùltadh.

9 **LEASACHADH, NA H-EALAIN AGUS PRÒISEACTAN**

9.1 **Leasachadh an Leabharlainn:** Thugadh fa-near am pàipear bho Chomataidh

an Leabharlainn le molaidhean a thaobh leasachadh an leabharlainn. Thug Boyd iomradh air na duilgheadasan a tha air a bhith san leabharlainn gu h-àraid le gainnead rùm airson leabhraichean. Chaidh iarraidh air na buill beachdan sam bith a bh' aca a chur gu Boyd.

Buill

9.2 **Aithisg an Stiùiriche Leasachaidh:** Thugadh fa-near aithisg an Stiùiriche Leasachaidh.

9.3 **Aithisg Alan MacKay:** Thugadh fa-near aithisg Alan MacKay air an obair aige a' togail airgid dhan Cholaiste

10 GNOTHAICHEAN IOMCHAIDH SAM BITH EILE

10.1 **Riochdaire Oileanach:** Thugadh fa-near gun robh draghan ann nach robh riochdaire oileanach air a' Bhòrd.

11 CEANN-LÀ NA H-ATH CHOINNEIMH

11.1 **Ceann-là na h-Ath Choinneimh:** Thèid an ath choinneamh a chumail air 11 Màrt aig Sabhal Mòr.

Sgaoil a' choinneamh aig 4.45f